

MG



ALBA

PASGAN-FASTAIDH

CLÀR-INNSE

FÀILTE	3
AR SAOGHAL	4
AR LUACHAN	5
TUAIRISGEUL OBRACH	6
SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH	8



Facal bhon Àrd-Oifigear againn...

Tha sinn a' sireadh tagraiche freagarrach airson cothrom a bhios againn a dh'aithghearr mar **Teicneòlaiche Didseatach – Bun-structar Craolaidh is IT (Preantas Ùr-nòsach)** (cùmhnant ùine shuidhichte 24 mìosan) còmhla ris an sgioba againn ann an **Steòrnabhagh**.

San dreuchd seo, bidh thu a' faighinn eòlas practaigeach air raon farsaing de theicneòlas didseatach, a' gabhail a-steach siostaman mheadhanan craolaidh, frithealaichean bhidio agus siostaman giullachd, teicneòlas lìonrachaidh IP agus siostaman IT corporra.


A bharrachd air eòlas practaigeach fhaighinn ann an dreuchd ioma-chùiseach, bidh thu a' coileanadh Dioplòma ann an *Teicneòlas Didseatach – Bun-structar IT aig Ìre 6 SCQF*.

'S e àm inntinneach a bhith nad phàirt de rudeigin as fhiach dèanamh agus, ma tha na sgilean ceart agus beachd deimhinneach agad a bhith a' dèanamh diofar, bu mhath leinn cluinntinn bhuat.

Anns a' phasgan seo gheibh thu tuairisgeul obrach, sanas obrach agus stiùireadh airson tagradh.

Ma tha riatanasan ciorraim, ruigsinneachd no in-ghabhail sam bith agaibh, feuch an innis sibh dhuinn. Bidh an sgioba againn toilichte freagradh reusanta sam bith a tha a dhìth oirbh a chur an sàs gus an urrainn dhuibh làn phàirt a ghabhail sa phròiseas fastaidh.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri do thagradh.



Dòmhnall Caimbeul
18/05/2026



MG ✖
ALBA

GÀIDHLIG ANNS GACH ÀITE
AIRSON GACH NEACH

BBB ✖ ALBA

FILMG▶

Learn
Gaelic

Speak
Gaelic



AR LUACHAN

CRUTHACHALACHD

Tha sinn a' comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Ghàidhlig.

LUCHD-AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc.

ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a' lìbhrigeadh sàr-mhathas.

CO-BHANNTACHD

Tha sinn a' coileanadh tro cho-obrachadh.

SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a' brosnachadh; tha sinn cothromach.

Teicneòlaiche Didseatach – Bun-structar Craolaidh is IT (Nua-phreantasachd)

Tìotal Obrach	Teicneòlaiche Didseatach – Craolaidh is Bun-structar IT (Preantas Ùr-nòsach)	Ìre	A4	Uairean-a-thìde gach seachdain	37
----------------------	---	------------	-----------	---------------------------------------	-----------

Àite Steòrnabhagh

Raon Tuarastail £25,292 - £28,438

Cunntachail do Ceanneard Teicneòlais is Oighreachd

Adhbhar Ionnsachadh air an obair, air a neartachadh le crìochnachadh Dioplòma Teicneòlas Didseatach: Bun-structar IT SCQF ìre 6 [Teicneòlas Didseatach: Bun-structar IT SCQF ìre 6 - Teisteanasan Alba](#). Bho stiùir an toiseachd, am measg eile bidh tu a' coimhead ri cumail suas, obrachadh agus taic a thoirt do shiostaman bathar-cruaidh is bathar-bog craolaidh, riochdachaidh agus IT.

Dàimhean-obrach Bidh an neach-dreuchd nam pàirt den Sgioba Teicneòlais is Oighreachd agus bidh iad ag obair leis a h-uile sgioba thar MG ALBA far am feumar teicneòlas agus IT a chur an gnìomh.

Amas

- Ag obair còmhla ri co-obrachaidhean ann an einnseanaireachd agus IT, bithear a' cuideachadh le leasachadh agus cur an gnìomh goireasan teicneòlais thar MG ALBA.
- Ag obair leis an àrd-einneanair, a' cumail suas agus ag ùrachadh lìonraidhean IP a tha fìor dheatamach airson craolaidh, riochdachadh agus siostaman iomairt.
- Ag obair leis a' Mhanaidsear IT airson solarachadh ghoireasan IT thar MG ALBA.

Prìomh Thoraidhean

- Bithear a' toirt taic do shiostaman craolaidh is IT agus a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil obrachaidhean làitheil a' ruith gu rèidh.
- Fo stiùir, bithear a' glèidheadh agus a' cumail ùraichte uidheamachd, lìonraidhean agus obair-phàipeir.
- Bithear a' libhrigeadh taic theicnigeach gu sàbhailte agus ann an co-rèir ri inbhean MG ALBA fhad 's a thathar a' leasachadh sgilean einnseanaireachd.
- Bithear a' coileanadh gu soirbheachail an Dioplòma bho Theisteanasan Alba ann an Teicneòlas Didseatach – Bun-structar IT ìre 6 SCQF.

Prìomh Dhleastanasan **Mar phreantas ùr-nòsach, bidh thu a' leasachadh nan sgilean riatanach gus na gnìomhan a leanas a ghabhail os làimh**

Teicneòlas Craolaidh agus Riochdachaidh

- Toirt seachad taic do dhreuchdan obrachaidh
- Glèidheadh uidheamachd
- Rèiteachadh shiostaman gu fiosaigeach agus gu bhiortail
- Leasachadh phròiseasan is sruthan-obrach fèin-ghluasadach

- Glèidheadh obair-phàipeir airson uidheamachd agus siostaman

Seirbheisean IT Corporra

- A' cuideachadh a' Mhanaidsear IT le obrachaidhean làitheil
- Rianachd lìonraidhean
- Taic "desktop" do cho-obraichean
- Manaidseadh làraichean-lìn agus ùrlaran

Càileachd is Inbhean

- A' dèanamh cinnteach gu bheil a' gèilleadh ri reachdas Slàinte is Sàbhailteachd agus deagh chleachdadh
- A' dèanamh cinnteach gu bheil uidheamachd MG ALBA daonnan ann an deagh òrdugh obrachaidh

Prìomh Sgilean **Bu chòir gu bheil na sgilean is comasachdan a leanas aig an neach-dreuchd:**

Riathanach

Miannaichte

Teisteanasan / Eòlas

Teisteanasan Nàt 5, le co-dhiù aon chuspair àireamhach agus aon chuspair saidheansail **no** eòlas so-dhearbhte ann an raon Teicneòlais/AV

Eòlas obrach pàirt-ùine, greis-gnìomhachais no obair shaor-thoileach sam bith a rinn thu roimhe

Eòlas

Ùidh mhòr ann an teicneòlas, gu h-àraid ann an craoladh agus IT

Eòlas air eileagtronaigs

Eòlas air lìonraidhean IP

Eòlas so-dhearbhte ann an raon Teicneòlais / AV

Sgilean

Sgilean IT bunasach (Excel, Word, Office 365)

Riathanasan Cànan

Ìre A1 [FICE](#) sa Ghàidhlig (A' bruidhinn na Gàidhlig aig ìre A1 no nas àirde)

Giùlan

Ùidh làidir ann an teicneòlas, gu h-àraidh craoladh agus IT

Miann air adhartas agus dreuchd a leasachadh

Deònach a bhith sùbailte agus atharrachail

Mothachadh air beachdan chàich, ag atharrachadh giùlan agus conaltraidh gu h-iomchaidh do dhiofar dhaoine agus shuidheachaidhean

Deònach taic a thoirt do bhuill na sgioba agus cur ri àrainneachd sgioba dheimhinneach

Faid:

Ùine shuidhichte 24 mìosan

Sanas

Thig còmhla rinn! Tha sinn a' fastadh!

Ag obair dhuinn mar **Teicneòlaiche Didseatach – Bun-structar Craolaidh is IT (Preantas Ùr-nòsach)**, bidh thu a' cluich pàirt chudromach san sgioba Teicneòlas is Oighreachd, a' cuideachadh le bhith a' cumail nan siostaman craolaidh, riochdachaidh is IT a' ruith gu rèidh.

'S e cothrom mìorbhaileach a tha an seo a bhith a' tòiseachadh a' chùrsa-obrach agad ann an teicneòlas, a' faighinn eòlas practaigeach, agus a' leasachadh sgilean practaigeach ann an àrainneachd mheadhanan a tha a' gluasad aig astar luath. Ag obair gu dlùth le einnseanairean is luchd-obrach IT sàr-eòlach, bidh thu ag ionnsachadh mar a tha na siostaman againn ag obair air chùlaibh nan sgrìnichean agus a' cur ri obrachaidhean làitheil.

Ged nach fheum eòlas a bhith agad mar-thà, airson a bhith soirbheachail san dreuchd seo bu chòir gu bheil thu a' bruidhinn Gàidhlig gu fileanta agus gu bheil ùidh làidir agad ann an teicneòlas agus deòin a bhith ag ionnsachadh. Bidh sinn a' toirt seachad trèanadh is taic iomlan, a' gabhail a-steach an cothrom a bhith ag obair a dh'ionnsaigh teisteanas aithnichte, gad chuideachadh a bhith a' togail misneachd agus a' leasachadh sgilean thar teicneòlas craolaidh, lìonraidhean agus taic IT.

Bidh thu nad phàirt de bhuidheann aig cridhe nam meadhanan Gàidhlig, gar cuideachadh a bhith a' toirt phrògraman gu luchd-amhairc le bhith a' taiceachadh an teicneòlas a tha a' dèanamh gach pàirt dheth comasach.

Còmhla ri tuarastal farpaiseach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochairan, nam measg:

- Sgeama peinnsein tabhartach – 10% tabhartasan fastaiche, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidsadh.
- 31 latha de shaor-làithean bliadhnail + 6 saor-làithean poblach (pro rata)
- Cothroman ballrachd gym
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), Creideas ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-latha mu dheireadh airson tagraidhean – **Diluain 1st Ògmhios 2026 5f**, cha ghabhar ri tagraichean fadalach.

Stiùireadh airson Tagradh:

Cuiribh ur Cunntas-beatha agus litir còmhdaich gu hr@mgalba.com a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh oirbh agus ur tuigse air mar as urrainn dhuibh an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail. Tha sinn cuideachd a' cur fàilte air iarrtasan ann an cruthan cruthachail eile, a' gabhail a-steach tagraidhean bhidio.

A bheil ùidh agad ann an dreuchd ann an craoladh telebhisean agus a' cleachdadh do chuid Ghàidhlig? Cuir fios thugainn airson còmhradh neo-fhoirmeil – bu toil leinn barrachd innsidh.

MG



ALBA

MÒRAN TAING!

